

# The Free Presbyterian Magazine

## An Earrann Ghàidhlig

Thug thu bratach dhaibhsan don eagal thu,  
gu bhith air a togail suas air sgàth na firinn Salm 60:4

### FOGHAR 2017

#### Guth Dhè anns a' Bhaile

Tha muinntir Bhreatainn an-dèidh rabhaidhean gu leòr fhaighinn gur ann fo bhreitheanas an Tì as Àirde a tha sinn. Bha na ionnsaighean borb' ann an Lunnain is ann am Manchester agus an teine uamhasach a thachair ann an Lunnain a-rithist, nan nithean eagalach agus duilich dha-riribh. 'S e nì cràiteach a th' ann nuair a thèid mòran de dh'oigridh don t-siorraidheachd agus gu sònraichte nuair a tha iad a' gabhail pàirt ann an nithean a tha saoghalta agus ana-dìadhaidh. Thathar ag ràdh gun robh na briathran anns na h-òrain a chaidh a sheinn aig a' chuirm-chiùil ann am Manchester cho mi-mhoralta 's a ghabhadh e a bhith. Ach chan eil mòran sa ghinealach olc is adhaltranach seo a' saòilsinn dad dheth sin.

Tha sinne den bheachd gu bheil na tachartasan seo a' toirt rabhaidh dhuinn uile gu bheil an Tighearna air a bhrosnachadh gu mòr nar n-aghaidh air sàillibh ar peacaidhean 's ar gràinealachdan: "Tha guth an Tighearna a' glaothaich ris a' bhaile, agus bheir an duine glic fa-near d'ainm: èisdibh-se an t-slat, agus an Tì a dh'òrdaich i" (Micah 6:9).

A' bheil sinn a' deanamh dheth ma-ta gun robh na daoine a chaochail neo a chaidh an leòn na bu bhuailtiche air na dh'fhuiling iad na càch? Gu dearbh chan eil. Ach tha guth Dhè gu math foilliseach is faramach anns na nithean seo dhuinn uile. Bhiomaid glic nan robh sinn a' toirt fa-near na briathran sòlamaichte a bh' aig Crìosd nuair a thuit

an tùr ann an Siloam, “Mura dean sibhse aithreachas, sgriosar sibh uile mar an ceudna” (Lucas 13:5).

## **Glòir Chrann-Ceusaidh Chrìosd**

*Leis an Urr. Iain MacLabhrainn (1693-1754)*

*Ach nar leigeadh Dia gun dèanainn-sa uaille ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Ìosa Crìosd, tre a bheil an saoghal air a cheusadh dhòmhsa, agus mise don t-saoghal” (Galatianaich 6:14).*

Oir is e glòir crann-ceusaidh Chrìosd dan cubhaidh dhuinn gu sònraichte àrd-urram altrum glòir buadhan neo-chrìochnach Dhè air an taisbeanadh ann an obair na saorsa, no mar a tha e air a chur leis an Abstol, “glòir Dhè ann an gnùis an Ìosa Crìosd” agus “Esan eadhon air a cheusadh.”

Tha gach cuspair eile air an dèanamh glòirmhor a rèir an tòmhais ann am bheil buadhan Dhè air am foillseachadh leo. Is e sin a tha a’ deanamh uil’ oibrichean a chruthachaidh cho glòirmhor. “Cuiridh na neamhan an cèill glòir Dhè agus nochdaidh na speuran gnìomh a làmh.” Agus tha sinne gun lethsgheil airson cho beag ’s a tha sinn ag oidhirpeachadh a bhith beachdachadh air buadhan Dhè annta; uachdaranachd uile-chumhachdach agus a ghliocas do-rannsaichte agus gu h-àraidh a mhaithas neo-chrìochnach.

Chan eil ann an toraidhean maitheas Dhè ann an oibribh a chruthachaidh ach fàbharan aimsireil, ach tha na fàbharan a th’air an cosnadh dhuinn le crann-ceusaidh Chrìosd nam beannachdan sìorraidh. Ged tha oibrichean a chruthachaidh a’ nochdadh gum bheil Dia maith ann fèin, tha iad mar an ceudna a’ nochdadh gum bheil E ceart agus gum bheil E feargach rinn airson ar peacaidhean. Nì mò a bheil iad a’ seoladh dhuinn rathad tre am faod sinn a bhith air an deanamh rèidh ris. Tha iad a’ cur an cèill glòir a’ Chruitheir ach, mar an ceudna, cur an cèill a laghannan agus nam fiachan fo bheil sinn gu

ùmhachd a thoirt dhaibh. Tha ar cogaisean ag innse dhuinn gun do dhearmaid sinn na fiachan ud – gun do bhris sinn an lagh agus air an adhbhar sin gum bheil sinn buailteach do dhiomb Ùghdair an lagh. Tha oibrichean Dhè, anns am bheil a ghlòir air a foillseachadh, a’ dearbhadh gu bheil beatha na dheagh-ghean agus air an làimh eile gu bheil bàs agus lèir-sgrìos na chorraich. Tha laghannan nàdair ann an tòmhàs-eigin gar cur cheana fo a dhiomb. Tha seo ri fhaicinn o na tha de thrioblaidean na beatha seo agus de phianntaibh a bhàis ag èiridh o adhbharan nàdarra. Air gach làimh tha oibrichean Dhè ag agradh dioghaltais airson na còmhstrì a th’ aige rinn às leth briseadh an lagha. Tha laghannan nàdair a’ toirt beatha car ùine dar corpaibh anfhann ach tha a’ bheatha sin air a dèanamh searbh tre iomadh àmhghar agus gu bhith aig a’ cheann mu dheireadh air am bruanaidh agus air an tionndadh gu duslach.

Mar sin, tha aghaidh nàdair glòirmhor innte fèin ach dhuinne tha i air a dorchachadh le gruaim eagalach. Tha i a’ nochdadh don eucorach glòir a’ Bhreitheimh – glòir an Àrd-uachdarain don ceannairceach chiontach a bhrosnaich a chorraich. Chan ann mar seo a bheirear solas no saorsa don ceannairceach, neo a bheirear e gu bhith a’ dèanamh uair agus glòir. Tha ar cogaisean ag innse dhuinn gum bheil sinn nar ceannaircich an aghaidh Dhè ach chan eil nàdar a’ nochdadh dhuinn cionnas is comasach dhuinn a dheagh-ghean a chosnadh. Cionnas a dh’fhaodas am Breitheamh cothramach agus Ùghdar an lagha a bhith air a ghlòrachadh agus an ceannairceach air a leigeadh fa sgàoil?

Ged tha cainnt nàdair soilleir àrd-ghuthach ann a bhith cur an cèill glòir a’ Chruithir, tha i dorcha agus iomadh-lùbach mu thimcheall a rùinteannan thaobh chreutairean ciontach. Cha toir i aon chuid làn-chinnt neo-theagmhach gu bheil ar staid eu-dòchasach, no idir bunait chinnteach dar dòchas. Ma tha sinn nar cuspairean deagh-ghean, cia uaithe cho liughna trioblaid? Ma tha sinn nar ceannaircich gun dòchas,

cia liugha fàbhar? Tha nàdar a' foillseachadh glòir Dhè agus ar maslaidh-ne ach mu shlighe gu dol às, tha i balbh agus tosdach. Tha nàdar a' toirt iomadh adhbhar brosnachaidh gu bhith miannachadh às-dèigh Dhè ach chan eil i a' nochdadh dhuinn cionnus a ruigeas sinn air ar miannaibh sin a shàsachadh.

Ach anns a' cheann-theagaisg tha againn cuspair a tha toirt sgeul air nithibh as fheàrr, oir tha e 'a seòladh dhuinn chan e "gun iarramaid, a dh'fheuchainn an tarladh dhuinn le mìn-rannsachadh gum faigheamaid E (Gnìomharan 17:27), ach gun iarrmaid air chòr is gum faighear leinn E gu cinnteach.

Tha an teagasg seo do-chreidsinn leis an inntinn fheòlmhor! Gum biodh barrachd de ghloir Dhè air a taisbeanadh ann an gnùis Chrìosd agus Esan air a cheusadh, na chithear an aghaidh nan speur agus na talmhainn!

## **A' Choinneamh-Cheist ann an Geàrrloch**

*Sa bhliadhna 1936 agus air a tharraing on FPM.*

**Iain Rothach, an Leathad.** "Agus sibhse bheothaich e, a bha marbh ann an euceartan agus ann am peacaidhean." Tha e an iongantas gun do sheall e orrasan. Chan fhaigh iad às bho sin. Chuimhnich e orra tràth bha iad ro ìosal truagh. Tre na geallaidhean ann an làimh an Spioraid tha iad a' faghail beòthachaidh. 'S ann bhuaithe fhèin a tha e. Ach gidheadh tha eagal orra nach e an nì ceart a th' aca. Tha togail gun leigeil aig cuid, ach tha iad seo a' dol o neart gu neart gus an taisbeanar iad fa-dheòidh an Sion an làthair Dhè nam feart.

**Ruairidh MacCoinnich (on Phlòc).** Chuala sinn comharraidhean math'. Saoilidh sinn gum bu mhath leinn a bhith gan cluinntinn. Bidh iad seo fo eagail nach do thòisich an obair mhaith annta. Bidh iad a' cur luach air meadhanan nan gràs, is orra-san a tha ag innse gum bi e maith leis an fhirinn. Tha iad coltach ris an lobhar a bha an siud: "Mas

àill leat, is comasach thu air mise a ghlanadh.” Agus shin Iosa a-mach a làmh, agus thuirt e : “Is àill leam; bi thusa glan.” Bidh aca, “Na cuimhnich peacaidh m’òige dhomh ’s na lochdan a rinn mi.”

**Eachann MacIlleathain, Inbhir Pheotharain.** ‘S e muinntir glè anshocrach a th’ annta. Tha cogadh a-staigh ... Chan fhaic thu iad am measg an t-saoghail.

**Iain MacAoidh, à Dùn Bheagain.** Bha iar mar chuid eile den t-saoghal gus an labhair Dia riutha na fhacal. Bha Sàtan ag ràdh riutha gun robh ùine gu leòr ann, gum fòghnadh e gràs iarraidh tràth dh’fhàsadh iad sean. Chuir Dia am facal: “Iarraibh air tùs rìoghachd Dhè agus fhìreantachd-san, agus cuirear na nithean seo uile ribh.” Bu mhiann leotha nan uile fhaghail compàirt den t-slàinte seo. Tha sùil aca ris an Tì seo air an Latha Mhòr.

**D. MacCoinnich, Diabaig.** ‘S e a bha seo muinntir a thàinig gu bhith a’ call an dòchas annta fhèin. Rinn iad mòran airson iad fhèin a shaoradh ... Fhuair iad a-mach. “Tre oibribh an lagha, cha bhi feòil sam bith air fhìreanachadh am fianais Dhè.”

**A. Caimbeul, Diabaig.** Tha iad seo a’ tuigsinn gun do pheacaich iad an aghaidh Dhè. ‘S e tuarasdal a’ pheacaidh am bàs.” Thug e dhaibh eòlas air Crìosd, ach ceist aca co-dhiù a bheil creideamh ceart aca no nach eil. “Esan a thòisich air deadh obair annaibh, bheir e gu buil i ann an latha Ìosa Crìosd.”

**A. MacLeòid, Ulapul.** Tha dà thiodhlaic far comhar, creidsinn is fulang. Airson a bhith creidsinn ann, tha iad a’ fulang. ‘S e am peacadh mathair-adhbhar gach fulangais. Tha mòran de na trioblaidean is na h-àmhgharan aca o pheacadh annta fèin ... Bidh iad air an smachdachadh airson am buannachd fèin. “Tha fhios againn gu bheil na h-uile nì a’ co-obrachadh a chum maith na dream aig a bheil gràdh do Dhia”.

**D. MacAoidh, an Leathad.** Ghin an Spiorad Naomh an inntinn spioradail air an siubhal, ach tha an seann nàdair gan leantainn. Feumaidh iad cogadh an aghaidh na feòla. Bha iad nan oighreachan air ifrinn is truaighe shiorraidh. Bha iad uile a’ faghail a rèir Eòin 16:8-11; Rom 6:23 is Gal 3:10. Tha aca seo, ‘S ro-chothromach thu fèin, a Dhè, ‘s is dìreach, rèidh do bhreith.” Tha iad air an treòrachadh a dh’ionnsaigh Chrìosd ... Fhuair iad a bhith fulang ... Bidh-sa dileas gu bràth. Iarraidh iad nach toir iad masladh air d’ adhbhar. Bidh a mhuintir a bhios dileas a’ fulang geur-leanmhainn sa bhaile sa bhios na chòmhnaidh aca. A dh’ionnsaidh seo ghairmeadh sibh. Tha peacadh na chràdh dhaibh. Ach cò dh’ionnsaigh a thèid iad ach don chuspair seo, Crìosd? “Mo chaoidh na fhianais dhoirt mi a-mach, ‘s mo thrioblaid dh’fhoillsich mis’.”

**D. Dòmhnallach, Uamh.** Uaireigin cha robh iad a’ smaoinichadh ach air saoghal is ana-miannan. Tre ghràs thàinig iad gu bhith a’ creidsinn. ‘S e Crìosd an t-slighe, an fhìrinn agus a’ bheatha. Tha iad ag iarraidh a bhith a’ trèigsinn na h-uile nì ‘s a bhith ga leantainn. Tha iad gam faghail fhèin cho mì-airidh.

**Seumas Friseil, Gearrloch.** Tha e soilleir às eugmhais creideimh nach eil e comasach Dia a thoileachadh. ‘S e tiodhlac bhuaithe fhèin a th’ ann an seo. Chan e geur-leanmhainn a th’ ann na bheir duine air fhèin airson amaideas. Bha Tindal, a bha beò os cionn ceithir cheud bliadhna, a’ samhlachadh creideamh ri craobh. Ma bhios am freumh fallain bidh an toradh fallain. Chan eil fhios gus am bi dearbhadh air a chur cò sheasas. Cha robh diofar eadar Mgr. MacPhàrlain is Mgr. Dòmhnallach ‘s a chuid eile de na “Constitutionalists” gus an d’ thàinig an dearbhadh. Sheas Mgr. MacPhàrlain is Mgr. Dòmhnallach, ‘s cha do sheas iadsan. Cha sheas duine dheth fhèin mura bi e air a chumail suas. Chan eil neach againne cho seasmhach ri Peadar, ach cha robh e mòran làithean an dèidh sin tràth rinn caileag-shearbhanta a

thoirt air Crìosd àicheadh. Bha aig Peadar còir, dar a chaidh an *test* a chur air, “An toigh leat mise?” – bha aige, “Is aithne dhut na h-uile nithean; tha fhios agad gur toigh leam thu.” Ged a thachair na thachair, ged a rinn mi na rinn mi, ’s aithne dhut – (bha fhios aige gun robh an Slànaighear a’ faicinn tromhe is a’ tuigsinn gach nì) – gur toigh leam thu. Cha bu choir dhuinne ar dòchas a chall air cho ìosal ’s a dh’fhaodas sinn a bhith.

### **Cumhachd Chrìosda Gu Tearnadh**

*le Dòmhnall MacCoinnich, a bha an Asaint*

*“Cò seo a tha ’theachd o Edom, le culaidh dhathte o Bhosrah?” (Isa 63:1)*

Cò seo o Edom? Ach gèill an t-sluaigh,  
Ach leanabh n’ èibhneis is Mac nam buadh,  
Mac Dhè le dearbhachd, gun bheud, gun chearb Air,  
An Tì ’thearb sinn le ’r n-aing’eachd uainn.

Feuch! ’theachd o Bhosrah gu glòrmhor buan,  
’S e dearg na chòmhdach gu glòir gach buaidh,  
Gu glòir a ghràsan is glòir a bhràithrean,  
Seadh, glòir na theàrnar o bhàs ’s o uaigh.

Bha cumhachd teàrnaidh na làimh teachd nuas,  
’S cumhachd dùsgaidh o ùir ’s o uaigh,  
Rinn a bhriathran ciùine na mairbh a dhùsgadh,  
’S cha luidh orr’ dùsail san dùthaich shuas.

Carson tha Thu dearg ann ad earradh mìn?  
Thaobh ’s gun stamp mi ’m preas-fion leam fhèin,  
’S mi gun neach dhen t-sluagh dhèanamh còmhnadh uarach,  
’S e mo ghairdean buadhach a fhuair dhomh saors’.

Bidh ’n là sa daor dhut mur toir Thu gèill,  
Tha na bliadhna-saoraidh do dhaoine Dhè,

'S là searbh e do Chàin feargach,  
Ach bliadhna dh'earbas do dh'Abel rèidh.

Bha earradh diolaidh air Mac an Rìgh,  
Gu naimhde iargalt a chur fo chìs,  
Oir fo stòl-cois' uasal bidh gach nàmh 's gach truaigh,  
Nuair a bheir e suas leis a sluagh gun sìth.

Thoir comas iomradh air do mhaitheas dhuinn,  
'S air d' uile thròcairean Dhè dar taobh,  
Dhen a h-uile tròcair a bhuilich riamh oirrn,  
'S e seo an tròcair a chuir orr' crùn.

Seo tròcair Dhaibhidh tha gràs mhor buan,  
Shìn Dia 's gach àlach o Àdhamh nuas,  
Ach is mòr a bhàsaich don ghòirte ghraineil,  
Do thaobh 's nach b' àill leò am mana buan.

Thoir dhuinn am mana sa Rìgh nam buadh,  
Bh' anns an tairgse ghràs mhoir 's gach àl a-nuas,  
Chaidh don àmhainn, o theas a ghràidh dhuinn,  
'S nuair thainig E 'n àirde b' e gràdh a shnuadh.

Oir bha E 's air èideadh le eud mar chleòc,  
Air Dhasan cheusadh, tha cheile beò,  
Air Dhasan sgiùrsadh, chaidh iadsan chaomhnadh,  
'S gur naidheachd ùr siud sna litribh òir.

Bidh Tusa gràs mhor, a' Ghràidh, dhad thìr,  
Bhrist sruth san fhàsach à creag na saorsa,  
A rinn rùm an Samaria led fhocal gràdhach,  
Dèan rùm san àit' seo 's na fàg an tìr.